

## Clàr-innse

Cò a th'annainn?	1
Cò dha a tha an inbhe seirbheis seo?	2
A' cumail fios ribh	3
Seirbheis nam Fianaisean	5
Seirbheisean mineachaidh	7
A' tairgsinn togalaichean freagarrach, dìon agus comfhartail	
A' lùghachadh cothrom coinneachaidh ris an neach fo chasaid	9
Solarachadh sònraichte airson fianaisean so-leònte	10
A' faighinn a-mach barrachd	11
A' cumail suas inbhean	12

“Tha Seirbheis Chùirtean na h-Alba ag aithneachadh an t-àite cudromach a tha aig luchd-fulaing anns an t-siostam ceartais eucorach. Tha sinn airson dèiligeadh ri luchd-fulaing le iochd agus le bhith toirt spèis dhan urram, agus gu bhith a’ leasachadh na seirbheisean againn airson luchd-fulaing, a’ gabhail a-steach daoine a tha a’ fiulang as dèidh bàs.”

Ro-innleachd Albannach airson Luchd-fulaing  
Plana Gnìomha Seirbheis Chùirtean na h-Alba

## **Cò a th’ annainn?**

‘S e Aonad Gnìomha de Roinn Ceartais Riaghaltas na h-Alba a th’annainn. ‘S e ar prìomh dhleastanas taic a chumail ri britheamhan agus siorraidhean ann an Àrd Chùirtean agus Cùirtean Siorraidh na h-Alba.

Tha ar luchd-obrach air an deagh thrèanadh gus na seirbheisean rianachd, teicnigeach agus co-òrdanachaidh a tha a dhìth a libhrigeadh gus am bith na cùirtean air an ruidh gu h-èifeachdach, agus aig an aon àm a’ tairgsinn seirbheis èifeachdach, chuideachail do luchd-cleachdaidh nan cùirtean. Tha sinn cuideachd a’ tairgsinn agus a’ cumail suas togalaichean cùirte

## **Cò dha a tha an inbhe seirbheis seo?**

Tha an inbhe seirbheis seo airson:

- duine sam bith a tha air fulang air sàilleibh eucoir sam bith;

- teaghlach (no duine sam bith ann an suidheachadh teaghlaich) a dh'fhuiling air sàilleibh eucoir; a tha air bàsachadh no a tha neo-chomasach air sàilleibh eucoir;
- ball teaghlaich sam bith a tha a' tighinn gu cùirt còmhla ri neach-fulaing airson taic agus cuideachadh.

Tha sinn a' tuigsinn gum faod frithealadh cùirt a bhith draghail do chuid agus tha sinn airson sin a lùghachadh le bhith:

- a' cumail fiosrachadh ribh,
- a' tairgsinn togalaichean freagarrach, dìon agus comfhartail,
- a' lùghachadh cothrom coinneachaidh sam bith ris an neach a tha fo chasaid, agus
- a' dèanamh solarachadh airson fianaisean so-leònte.

## A' cumail fios ribh

Tha an leabhran seo mar phàirt dhen Phasgan Fiosrachaidh Luchd-fulaing againn. Tha e ag innse dhuibh mu na seirbheisean againn airson luchd-fulaing agus fianaisean ann an cùisean eucorach. Tha na leabhraichean a leanas anns a' phasgan cuideachd:

- Stiùireadh airson a bhith a' frithealadh cùirt,
- Aithris fianaisean a' Chrùin bho Oifis a' Chrùin, Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin agus Seirbheis Chùirtean na h-Alba,
- Tobraichean fiosrachaidh agus comhairle do luchd-fulaing,
- Cairt luchd-cleachdaidh chùirtean, agus
- Mar a nì sibh gearain.

Ma tha sibh a' frithealadh cùirt as deidh eucoir fhulang no mar fianais a' Chrùin, tairgidh sinn:

- àite fàilteachaidh no ionad fiosrachaidh a th'air a chomharrachadh gu soilleir,
- soighnichean soilleir airson ar stiùireadh timcheall togalach na cùirte,
- fiosrachadh air mar a tha a' chùis agaibh a' dol air adhart, co-dhiù aon turas gach dara uair an uaireadair,
- cothrom dhuibh an togalach fhàgail cho luath sa ghabhas mar nach eil feum agaibh an còrr fianais a thoirt seachad, agus
- fiosrachadh air na thachair anns a' chùis agaibh.

Faodaidh sibh cuideachd comhairle agus taic fhaighinn uair sam bith bho bhuill Seirbheis nam Fianaisean. Tha an t-seirbheis seo, bho Taic Luchd-fulaing Alba, air chothrom anns gach Cùirt Siorraidh an Alba bhon

t-samhradh 2002. Bith Oifis Seirbheis nam Fianaisean air a chomharrachadh gu soilleir anns an taigh-cùirte, agus aithnichidh sibh buill na seirbheis bho na bràistean ainm aca. Bi duine sam bith de luchd-obrach na cùirte comasach air ar stiùireadh thuca.

## Seirbheis nam Fianaisean

Tha Seirbheis nam Fianaisean ann airson daoine a chuideachadh tron phròiseas brithemhail le bhith a' tairgsinn taic phractaigeach agus thòcail. Tha an t-seirbheis dìomhair agus air a' toirt seachad le daoine saor-thoileach a th'air an trèanadh.

Tha an t-seirbheis an asgaidh agus air chothrom do dh'fhianaisean sam bith a tha a' frithealadh cùirt, ge brith dè an aois, gnè, creideamh, tùs gnètheasach, ciorramachd no clas sòisealta a th' aca. Bheir i taic do:

- luchd-fulaing agus fianaisean a dh'fheumas tighinn dhan chùirt airson fianais a thoirt seachad;
- luchd-fulaing agus fianaisean nach eil air an gairm gu cùirt; agus
- teaghlaichean agus càirdean luchd-fulaing agus fianaisean.

Tha Seirbheis nam Fianaisean a' tairgsinn:

- taic phractaigeach, leithid lìonadh bileagan cosgaisean;
- fiosrachadh air dòighean-obrach chùirtean;
- cothrom tadhal air cùirt ro-làimh;
- èisteachd ri draghan agus uallaichean agus taic a thoirt seachad mun coinneamh;
- taic as dèidh dhuibh fianais a thoirt seachad;
- ar stiùireadh gu daoine a fhreagras ceistean sònraichte mun chùis agaibh;
- fiosrachadh mu ionadan eile a bheir taic dhuibh ma tha feum air;
- cuideigin ris am bruidhinn sibh ann an dìomhaireachd; agus

- luchd-obrach saor-thoileach a chuidicheas sibh fad's a tha sibh sa chùirt.

## Seirbheisean mìneachaidh

Mas e 's nach e Beurla a' chiad chànan agaibh, no ma tha sibh bodhar no le trioblaidean claisneachd, faodaidh sibh neach-mìneachaidh fhaighinn a chuidicheas sibh ann an seòmair na cùirte.

Tha an t-seirbheis seo saor agus an asgaidh, ach feumaidh sibh faighneachd air a son ann an deagh àm ron cheann-là cùirte agaibh. Ma tha sibh airson brath a ghabhail air an t-seirbheis seo cuiribh fios gu Oifis Neach-casaid a' Chrùin no Oifis Fiosrachaidh agus Comhairle Luchd-fulaing.

Tha sinn clàraichte le Clò-labhairt agus Teacsa Direach, seirbheisean a tha Institiud Nàiseanta Rìoghail nan Daoine Bodhar agus Telecom Bhreatainn a' solarachadh. Tha na seirbheisean seo a' tabhann goireasan fòn do dhaoine bodhar no daoine aig a bheil duilgheadasan claisneachd airson oifisean nan cùirtean.

Tha sinn clàraichte le LanguageLine. Mar nach e Beurla a' chiad chànan agaibh, cuidichidh an t-seirbheis seo sibh ann a bhith bruidhinn ri luchd-obrach nan cùirtean, co-dhiù a bhiodh sin gu pearsanta no air a' fòn.

## A' tairgsinn togalaichean freagarrach, dìon agus comfhartail

- Nì sinn cinnteach gum bheil seòmraichean nam fianaisean glan, freagarrach agus comfhartail agus gum bheil stuth leughaidh aimsireil annta.
- Tairgidh sinn fònaichean poblach agus taighean-beaga gu leòr.

- Tairgidh sinn goireasan ùrachaidh airson pàirt dhen là no an là gu lèir agus dèideagan airson clann, anns a h-uile gin ach na cùirtean is bige.
- Cumaidh sinn sùil air seòmraichean nam fianaisean, le CCTV no sgrùdadh cunabhalach, gus casg a chumail air cothroman buairidh sam bith. Ma tha dragh oirbh a thaobh sàbhailteachd no dad eile, aig àm sam bith a tha sibh sa chùirt, bu chòir dhuibh bruidhinn sa bhad ri neach-obrach.
- Obraichidh sinn leis a' phoileas airson ar cumail sàbhailte. Ma tha sibh a' faireachdain gum bheil sibh ann an cunnart, bu chòir dhuibh fios a chur air a' phoileas airson dìon sònraichte.

## **A' lùghachadh ceangal ris an neach fo chasaid**

Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh a bhith a' tairgsinn dorsan agus àiteachan feitheimh air leth do luchd-fulaing agus fianaisean a' Chrùin agus feadhainn a tha fo chasaid eucoir. Ach, bhiodh seo a' ciallachadh mòran atharrachaidh ann am mòran dheth na togalaichean cùirte againn agus bheir e ùine sin a choileanadh. San eadraigin, ma tha sibh draghail mu bhith a' coinneachadh ris an neach fo chasaid, faodaidh sinn solarachadh sònraichte a dhèanamh dhuibh, leithid:

- doras air leth gu togalach na cùirte, agus
- seòmair feitheimh agus taigh-beag air leth.

Airson seo a chur air dòigh feumaidh sibh bruidhinn ri Oifis Neach-casaid a' Chrùin, Oifis Fiosrachaidh agus Comhairle Luchd-fulaing no Clàrc na Cùirte ron cheann-là cùirte agaibh.

Faodaidh sinn cuideachd suidheachain a chur air leth dhuibh ann an seòmair na cùirte ma tha sibh airson fuireach as dèidh fianais a thoirt seachad. Airson seo a dhèanamh cuireabh fios air Oifis Fiosrachaidh agus Comhairle Luchd-fulaing, Seirbheis nam Fianaisean no Clàrc na Cùirte ron cheann-là cùirte agaibh.

## **Solarachadh sònraichte airson fianaisean so-leònte**

Tha an lagh a' mìneachadh "fianaisean so-leònte" mar fianaisean:

- fo aois 16;
- seachad air 16 agus a' fulang bho thinneas inntinn; no

- seachad air 16 agus a’ fulang bho bhacadh innleachd agus comas sòisealta.

Faodaidh fianaisean anns na raointean sin an cuid fianais a thoirt seachad bho chùl scrin anns an t-seòmar-cùirte no tro cheangal bhideo bho sheòmar eile. Leis an sin fiù’s ged a chitheadh an neach fo chasaid an neach a tha a’ toirt seachad fianais, cha tèid aig an fhianais air an neach fo chasaid fhaicinn. Tha seo a cuideachadh ann a bhith a’ lùghachadh dragh agus uallach.

Ma tha sibh airson ar fianais a thoirt seachad san dòigh sa, bu chòir dhuibh bruidhinn ri Oifis Neach-casaid a’ Chrùin no Oifis Fiosrachaidh agus Comhairle Luchd-fulaing co-dhiù trì seachdainean ron cheann-là cùirte agaibh.

## **A’ faighinn a-mach barrachd**

Gheibh sibh leabhraichean fiosrachaidh air taghadh dheth na seirbheisean againn agus dòighean-obrach chùirtean anns na h-ionadan fàilteachaidh againn; oifisean poblach agus seòmraichean feitheimh. Tha a’ mhòr-chuid dhiubh cuideachd air an làrach-lìn againn.

Ma tha an còrr fiosrachaidh a dhìth oirbh air gin dheth na seirbheisean againn, cuir fios gu Oifis Ionadail Clàrc an t-Siorraidh, no an roinn fhreagarrach anns na h-Àrd Chùirtean. Faodaidh sibh cuideachd sgrìobhadh gu:

Aonad Obraichean agus Poileasaidh  
Seirbheis Chùirtean na h-Alba  
23 Sràid Lauriston  
Dùn Èideann  
EH3 9DQ

fòn: 0131 229 9200

postd: [enquiries@scotcourts.gov.uk](mailto:enquiries@scotcourts.gov.uk)

làrach-lìn: [www.scotcourts.gov.uk](http://www.scotcourts.gov.uk)

Faigh barrachd a-mach mun riaghaltas agaibh aig: [www.open.gov.uk](http://www.open.gov.uk)

## **A' cumail suas inbhean**

Gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cur romhainn agus a' cumail suas inbhean àrda, tha sinn a' trèanadh ar luchd-obrach agus a' measadh mar a tha sinn a' libhrigeadh ar seirbheis.

Tha sinn a' cur fàilte air ar beachdan air an t-seirbheis againn agus mar a ghabhas a leasachadh.

Tha an leabhran seo air chothrom air teip, ann an clò mòr, Braille, agus ann an grunn mhion chànain.